



AN TAILLEAR RUISIANACH.

LE NAOMH-THEACHDAIRE.



EADAR-THEANGAICHTE O'N BHEURLA,

LE

DONNCHA BLÀRACH.



“**T**s toigh leam fear-cèirde diadhaidh,” arsa Ughdar iomraiteach, agus their mise sin mar an ceudna. Tha cuid de luchd-cèirde diadhaidh 'n an daoinibh cho urramach 's a tha anns an tir; chithear am beusan agus an cleachdadh naomh ann an dleasdanasaidh eag-samhuil na beatha, agus tha iad a' dealrachadh mar lòchranaibh soluis anns an t-saoghal. Tha buaidh chumhachdach aig an leithidibh so thairis air a' chinne-dhaonna; agus, mar is sona do Bhreatuinn, agus do'n t-saoghal, tha iad a' fàs mòran na 's lionmhoire. Tha mòran de na tha air a dheanamh air son cumail suas an t-soisgeil 'n ar tir féin, agus air son craobh-sgaoileadh an t-soisgeil ann an tìribh eile,

air a dheanamh le làmhaibh, agus teangaibh, agus sporanaibh, agus teaghlachibh luchd-cèirde chràbhach.

Dlùth ri taobh na muinntir òirdheire so càiridh mi mo Thàillear Ruisianach.

Chaidh an eachdraidh ghoirid agus shimplidh aige gu minic a chur an céill do mhòr-chuideachdaibh air an do dhrùigh i gu trom, agus rinn àireamh nach gann aideachadh gu-n d' fhuair iad mòr-bhuannachd bho 'eisimpleir. Bheir mi nis seachad a sgeula ann an dòigh a's maireannaiche, an dòchas gu-m faigh leughadairean cho maith ri luchd-éisdeachd buannachd uaipe.

'N uair a bha e 'n a fhior dhuine òg thaghail e ann an Sasunn, agus ròghnuich e bhi 'n a sheòladair. Bha e air tùs 'n a mharaiche ann an long thràillean le *Liverpool*, agus chaidh e mu thuaiream sè turusan eadar còrsa na h-Africa agus Innseachan na h-àirde-n-iar. Is uamhasach an cùntas a tha e 'tabhairt air oilltealachd na Tràill-mhalairt. Bha e "ann am bàsaibh gu minic," araon am measg nan daoine dubha agus geala, ach theasairg Dia e. An déigh so, ghabh e ann an seirbhis an Rìgh, agus bha e maille ri *Nelson* aig cath Niluis. Anns a' chath so chaill e aon sùil, agus do bhrìgh sin chaidh a phàigheadh dheth; ach is muladach an gnothach, nach d' rinn a' bhàsmhorachd a chunnaic e anns na Tràill-longaibh, agus a chaol-thèarnadh féin o'n bhàs anns a' chath far an do chaill e a shuil, bròn sam bith a dhùsgadh ann air son peacaidh, no iarrtus air e féin uigheamachadh gu coinneamh a chumail r'a Dhia. Cha d' rinn! is ann a dh' fhas an cridhe cloiche cosmhuil ri adamant. Cha robh caraid diadhaidh sam bith làimh ris ann an aon de na coraibh so, gu rabhadh, no earail a thoirt da, no impidh a chur air. Cha robh duine le Dia an sin a chum a stiùradh a dh' ionnsuidh ant-Slanuighir sin a b' urrainn "a shuilean fhosgladh, agus a thionndadh o dhorchadas gu solus, agus o chumhachd Shatain a dh-ionnsuidh Dhé, chum gu 'm faigheadh e

maitheanas pheacanna, agus oighreachd am measg na dream ata air an naomhachadh.” (Gnìomh xxvi. 18.) Nach cianail staid na muinntir a tha ’n a leithid so de shuidheachadh! Nach truagh, an cumantas, crannchur an t-seòladair! gu h-àraidh an seòladair a tha ùine fhada o a dhachaidh, gun sàbaid, gun searmonaiche, gu chur an cuimhne dha gu bheil Dia ann. Cionnus a bu chòir do chor nan daoine so dealas na h-eaglais a dhùsgadh, gus am bitheadh “gach long ’n a Betel, agus cridhe gach seòladair ’n a theampull do’n Spiorad Naomh!”

Nuair a chaidh a phàigheadh dheth as an loingear chogaidh, agus a chaith e a chuid airgid uile, thoisich e air a sheann chèird, agus chuir e seachad a bheatha gu sàmhach air tìr. Ré beagan bhliadhnachan dh’ oibrich e mar fheart-uarasdail ann an Lunnainn, agus an déigh sin chaidh e gu *St. Petersburg*,* agus rinneadh e ’n a fhear-amhairc thairis air obair fharsuinn, ach thug e leis uibhir de nàdur a’ mharaiche chogaidh do’n bhùth, agus bha e air uairibh co buairesach, agus a’ mionnachadh co uamhasach, as gu-m b’ éigin d’a mhaighstir a phàigheadh dheth’ Thòisich e an sin ri cur suas air a làimh féin, agus cheangail se e féin ann an dàimh urramaich a’ phòsaidh; dh’ fhàs e ro shuairce, agus shoirbhich a chèird.

Fhuair mise eòlas air anns an rathad so a leanas:—Air dhomh a bhi a’ còmhradh ri aon de mo choimhthional, thubhairt e rium “choinnich mi a chianabh ri ball de’n Eaglais Ruisianaich a tha anabarrach déigheil air na Sasunnaich. Bha e ann an Sassunn, agus bruidhnidh e ar cànan-ne gu maith. Ma bhios dad sam bith agad r’a dheanamh ’n a rathad, b’ fhèarr leam gu-n tugadh tu dhàsan e r’a dheanamh.” “Ciod a’ cheaird a tha e a leantuinn” dh’ fheòraich mise. “Tha e ’n a mharsanda

* *St. Petersburg*, baile mòr, no ceann-bhaile Impireachd Ruisia a thogadh leis an Impire Peadar I.

aodaich agus 'n a Thàillear, agus ro shoirbheach 'n a cheàird."

Beagan mhiosan an dèigh so, chaidh aon de mo chàird-ibh òga do Shasunn, agus aig pilltinn dhà thug e do m' ionnsuidh mir de aodach grinn à Siorrachd Iorc,* air son còta, agus chuir mi e dh'ionnsuidh an tàilleir Ruisianaich g'a dheanamh air mo shon; cha robh e fada 'g a chrìochnachadh, agus thàinig e féin dhachaidh leis. Direach air a' mhionaid 's an do ghairm e orm, bha duine uasal maille rium air ghnothach, uime sin thuirt mi ris an tàilleir: "Dean suidhe car beagan mhionaidean, agus thig mi do d' ionnsuidh: air an uair, leugh an leabhran beag so; an sin chuir mi leabhrgan (*tract*) 'n a làimh.

Phill mi ris an ùine ghoirid, agus phàigh mi a chùnntas dà, agus an uair a bha e a' falbh thubhairt e, "tha dòchas agam gu bheil thu toilichte le do chòta." "Tha mi" fhreagair mise, "ro thoilichte le mo chòta; cia mar a tha thusa toilichte le mo leabhrgan? "Och" arsa esan "cha-n 'eil mis' uair sam bith a' cur dragha orm féin le leabhraichibh."

"Nach 'eil thu," arsa mise; "tha mi doilich air son sin, a dhuine: tha thu 'fàs 'ad sheann duine, agus mur 'eil thu a' cur dragha ort féin le leabhraichibh, tha eagal orm gu bheil ni-éigin eile a tha thu a' dearmad." "Cìod e sin, a mhaighstir." "C' uime, tha d' anam luachmhor! 'Oir cìod an tairbhe a ta ann do dhuine ged a chosnadh e an saoghal uile, agus 'anam féin a chall? no cìod i a' mhalairt a bheir duine air son 'anma,' Matt. xvi. 26." "Ah!" arsa esan, "tha barail agam cìod a tha thu a' ciallachadh; tha thu a' saòilsinn gu-m bu chòir dhomh fàs cràbhach," "Tha, 's e sin dìreach e."

"Beannaich thu" ars' esan, "bhitheadh e eu-comasach

* Iorc, i.e., York.

dhòmhsa gnothaichean lionmhar mo chèirde chumail air an adhart nam bithinn cràbhach.”

“Tha thu a’ cur iongantais orm a dhuine; ciamar a thigeadh diadhaidheachd ann an rathad do ghnòthaichean?”

“C’uime, nam bithinn diadhaidh, b’ éigin domh dol do’n eaglais air an t-sàbaid.”

“Gu cinnteach rachadh tu sin; seadh, fos bhiodh aoibhneas ort ’n uair a thigeadh an t-sàbaid, a chum gu-n chluinneadh tu ni-éigin mu thimchioll Dhé agus mu shlàinte.”

“Ma ta, tha mise ag innseadh dhuit, gu-m biodh sin do-dheanta dhòmhsa le mo ghnòthaichibh; tha deich gillean thar fhichead agam, agus tha mi a’ pàigheadh a’ mhòr chuid de mo chùntasaibh, agus a’ factainn a’ mhòr chuid de m’ airgid air an t-sàbaid; ’s e là a’s mò a tha agam ri dheanamh.” “Cìod a thuirt thu! nach ’eil thu a’ dol idir do’n Eaglais.”

“Cha-n ’eil uair sam bith.” “Tha so na ’s miosa ’s na ’s miosa, a dhuine. Thuirt thu nach ’eil thu a’ leughadh leabhraichean matha: agus cha-n’eil thu a’ dol do’n Eaglais; bi cinnteach dheth gu bheil thu a’ dol a dh’ifrinn. Bha mi o cheann fada am beachd nach rachadh duine do nèamh, a mhàin a chionn gu’m biodh e a’ leughadh a’ Bhiobuill agus a’ dol do’n Eaglais: ach tha mi dearbh-chinnteach nach ’eil an duine a ni dearmad air na nithibh so a’ dol do nèamh. Ciamar is urrainn thu bhi beò? Am bheil thu a’ creidsinn gu bheil Dia ann?” An so dh’ amhaire e gu feargach orm, agus thubhairt e, “Dia, a dhuine! Dia! Am faca tu Dia riamh?” An sin chriochnaich mi ri smuaineachadh cho domhain ’s a dh’ fhaodas duine dol fodha ann ’n a aingidheachd, agus fhreagair mi, “cha-n fhaca mise Dia, ach chunnaic mi thusa agus is aon thusa de oibribh Dhé.” “Ro mhaith,” arsa esan, “’n uair a thachaireas tu air neach a chunnaic Dia, bi cho

math agus fios a thoirt dòmhsa air. Maduinn mhaith dhuit.”

Ghabh an seann duine a chead dhiom an sin, agus cha-n fhaca mi tuilleadh e, gus an do choinnich mi ris aig adhlacadh a' charaid a chuir mi an eòlas air. Bhuaileadh an duine gasda so le fiabhrus làidir agus fhuair e bas : agus chaidh tuireadh mòr a dheanamh as a dhéigh. Bha mòran sluaigh aig an adhlacadh, agus labhair mi ris a' cho-chruinneachadh o'n earrainn chiataich sin “Thug iad leò an corp, agus, dh' adhlaic iad e, agus thàinig iad agus dh'innis iad sin do Iosa.” Matt. xv. 12. Ghuil iomadaidh, agus 'n am measg chunnaic mi an Tàillear Ruisianach agus na deòir a' sruthadh sìos le ghruaidh aosda, ach cha b' urrainn mi ràdh cia dhiùbh a b' e ni air bith a thuirt mise, no bàs mo charaid a dhrùigh air cho trom. Air an t-Sàbaid an déigh sin chunnaic mi e a làthair a rithist ; air an dara Sàbaid a rìs ; agus a rìs air an treas Sàbaid.

Bha so glè iongantach ri 'fhaicinn, gidheadh bha eagal orm gairm air, mu 'n gabhadh e maoin, agus gu-m fanadh e air falbh uile gu léir ; ach thuirt mi ri aon de m' chàirdibh, “Am faca tu Mr. B——?” “Chunnaic” ars 'esan, “agus is urrainn mi rud glé thaitneach innseadh dhuit mu dhéibhinn an t-seann duine sin.”

“'N ann a rìreadh ! ciod sin?”

“Tha e air Biobull Beurla a cheannach, agus ag ràdh gu bheil e suidhichte air a leughadh : seadh, agus a leughadh troimhe gu h-iomlan, a chum gu'm faic e cia dhiùbh a tha no nach 'eil na tha thu ag ràdh fìor.”

“Uime sin,” arsa mise, “tha dòchas d'a thaobh. Tha daonnan dòchas a thaobh duine 'n uair a thòisicheas e air a' Bhiobhull a leughadh le aire dhùrachdaich.”

Fhuair mi nis e 'n a fhear-frithealaidh cunbhalach air làithibh seachduin, cho maith as air làithibh Sàbaid, agus chunnaic mi gu minic a ghnùis a' lasadh suas le aoibhneas, ach cha do labhair mi riamh ris gu oidhche àraidh air

Di-Sathuirne. Bha mi 'am shuidhe ann am sheòmar-stuidearrachd, 'n uair a thàinig mo bhean a stigh, ag ràdh “Tha coigreach a' feòraich air do shon.” “Co a th' ar ù?”

“Cha-n aithne dhomh, ach 's i mo bharail gur h-e an an Tàillear Ruisianach a th' ann.”

Mar sin dh' imich mi mach, agus faicear esan fa mc chomhair. Thòisich e, ag ràdh, “Cha-n i oidhche Dhi-Sathuirne dìreach an t-àm air son gairm ortsa, a Mhaighstir —, ach tha gnothach beag agam.”

“Ciod an gnothach, a dhuine?”

“Bha toil aig aon de d' luchd-éisdeachd còta ùr a bhuileachadh ort mar thiodhlac, agus thug mise do d' ionnsuidh e; tha mi ag earbsadh nach bi thu feargach.” Fhreagair mise, “Cha-n àbhaist dòmhsa a bhi feargach ri neach sam bith, ach gu h-àraidh ri neach a bheireadh dhomh còta ùr; guidheam ort, cò an caraid caoimhneil a rinn so?” “Ah!” ars' esan “'S e sin pàirt de'n ghnòthuch; cha'n àill leis 'ainm innseadh dhuit.” “An e duine òg a tha ann?” Fhreagair e “Cha-n e.” “An e seann duine a tha ann?” “Is e, seann duine le ceann liath.” An sin sheas e ri mo thaobh, agus fholt cho geal ris a' bhainne, ach cha do smaoinich mi uair gu'm b' esan an duine. “Theagamh, a dhuine, gu-n innis thu do m' mhnaoi cò a rinn so.” “Innsidh, cha-n 'eil e mar fhiach-aibh orm a chumail an cleith air Mrs. —;” mar sin dh' fhàg mi iad, agus dh' innis e do m' mhnaoi gu-m b' e e fèin an neach a thug an còta ùr dhomh. Mar bu choltaiche, cha b' fhada gus an robh fios agamsa air a' chuis: agus bu ro neònach na faireachdainnean a ghluaiseadh ann am inntinn leis a' ghnòthach. Began làithean an déigh sin, choinnich mi ris air an t-sràid, agus thuirt mi ris, “Nise, tha fios agam co e m' fhear-comain, agus tha mi gu mòr 'ad chomain air son a' chaoimhneis so, ach innis domh ciod a ghluais thu gus an còta so a thoirt dòmh-sa?” An so bhrùchd a dheòir a mach agus thubhairt e, “Ah, a

Mhaighstir, mur biodh Dia air mo chridhe atharrachadh, cha smaoinichinn am feasda air a' chòta a thoirt duit.”

‘Tapadh leat,” arsa mise, “air son a' mhineachaidh so, agus ma tha ceangal aig a' chòta ri atharrachadh cridhe, an sin tha a luach os ceann meas.” Thug e an sin dhomh dearbhadh riochdail gu robh a chridhe air atharrachadh da rìreadh. Thòisich e air a chomhairle a chur rium mu thimchioll math spioradail a luchd-oibre. “Tha toil agam fhèdraidh dhìot a Mhaighstir, cìod bu chòir dhomh dheanamh air son mo ghillean; tha truas ro mhòr agam mu dhéibhinn cor an anama. Cìod e do bheachd a bu chòir dhomh dheanamh air an son? Am bu chòir dhomh an Tiomnadh Nuadh a thoirt doibh?” Bha aoibhneas orm 'n uair a chunnaic mi an comhara so air a' bheatha spioradail 'n a anam fèin, agus chuir mi thuige e air na h-uile dòigh gus an Scriobtur a thoirt doibh. Thug so misneach dha. Bha 'òige mar gu-m b' ann air a h-ath-nuadhachadh mar an iolaire. Ruith e dhachaidh, agus ghairm e a ghillean cruinn an ceann a chéile, agus thuirt e riù, “Tha nì àraidh agam ri chur an ainmeachadh dhuibh, mo ghillean;” an sin a' tionndadh ri aon diubh, thuirt e ris, “An urrainn thu leughadh?” “Is urrainn a mhaighstir, leughaidh mi Suainis.” Ri aon eile “An urrainn thusa leughadh?” “Is urrainn, a mhaighstir, leughaidh mi Gearmailis,” Ris an treas fear, “An urrainn thusa leughadh?” “Is urrainn, a Mhaighstir, leughaidh mi, Finnis,” Ris a' cheathramh fear, “An urrainn thusa leughadh?” “Is urrainn a Mhaighstir, leughaidh mi Ruis.” Air dha fhaotainn a mach cia lìon de 'chuid ghillean a b'urrainn leughadh, agus na cainntean anns an leughadh iad, thàinig e do m'ionnsuidh a rìs ag ràdh, “Nis, a mhaighstir, tha uam a leithid so de chunntas leabhraichean ann 'n a leithid so de chunntas chànainean; oir tha mi a' cur romham nach bi duine anns an obair agam a's urrainn leughadh as eugmhais an Tiomnadh Nuaidh bheannaichte.”

A leughadair, smuainich ciod an t-ath-leasachadh bheusan a thachairadh 's an t-saoghal, nan leanadh ar luchd-oibre, ar marsandan, agus ar luchd-cèirde, an eiseimpleir so !

Rinn an rannsachadh so a thrèorachadh gu ni eile fhaotainn a mach. Fhuair e mach, cha-n e mhàin cò a a b'urrainn leughadh, ach mar an ceudna co nach b'urrainn, agus air an son-san cheannaich e leabhraichean litreachaidh (*spelling-books*), agus chuir e na leughadairean g' an teagasg ; oir chuir e roimhe mar au ceudna nach biodh duine no giullan anns an obair aige, do nach b'aithne leughadh, as eugmhais a bhi air an teagasg.

A bhàrr air so uile, chaith e mar bu trice leth-uair anns an fheasgar maille riutha, a' leughadh agus a' mineachadh nan scriobtuirean. Bha an sealladh so araon neo-chumanta, taitneach, agus drùighteach ; chomharaicheadh an seann duine a mach caibideil, an sin leughadh iad uile an rann cheudna, gach fear 'n a chainnt féin, agus an sin bheireadh am maighstir dhoibh mìneachadh aithghearr air anns a' chainnt Ruisianaich, a thuigeadh gach aon diubh. Air an dòigh so thàinig atharrachadh cho mòr air an teaghlach 's a thàinig air a' mhaighstir. An àite a bhi air a thruailleadh le obair shaoghalta air là an Tighearna, 's ann a bha nis na h-uile là mar là Sàbaid. Bha ùrnuigh, agus moladh agus oideachas diadhaidh air an cumail air adhart gu làthail. Bha guth aoibhneis agus buidheachais, agus molaidh, air a chluinntinn ann am pàilliun an ionracain.

Ré an ath dhà bhliathna, cha b' aithne dhomh duine air bith a leugh uibhir de 'Bhiobull ri Mr. B—— agus bha a thoilinntinn air uairibh cho àrd 's gu-m faoidteadh a ràdh gu-n robh “aoibhneas aige a' dol thar labhairt agus làn de ghlòir.” 1 Pead. i. 8. Rinn a dhiadhachd e 'n a dhuine sona. O'n àm so, chum mi sùil air fàs a dhiadhachd le teann chùram agus tlachd. Cha bu chùis chumanta a bha 'n a iompachadh, agus is minic a rinneadh mo chridhe subhach leis na beachdan mòrdhalach agus glòrmhor a bha aige mu

thimchioll an Tighearna Iosa Criosd. Bha e 'n a choigreach air na barailean còimhstritheach a bhios aig daoineibh mu phuingaibh creidimh. Tharruing e a dhiadhachd gu dìreach as a' Bhiobull, agus bha e an dùil gu-m feumadh a h-uile duine smuaintean agus faireachainnean a bhi aige, cosmhuil ris mar a bha aige féin ; ach air feasgar àraidh fhuair se e féin ann am mearachd. Air dha bhi a' siubhal dhachaidh o'n Aoradh fhollaiseach maille ri Sasunnach a bha 'n a leth Shosinianach (*Socinian*)* thòisich còmhradh eatorra mu dhéibhinn na searmoin. Ciod e do bheachd oirre?" arsa mo charaid. "Mo bheachd oirre," ars' an Sasunnach, "e' uime, is e mo bheachdsa gu robh mòran tuille 's a' chòir mu thimchioll Chrìosd innte." Chuir so clisgeadh air. Stad e, agus ghlaodh e mach "Tuille 's a' chòir mu Chrìosd, a dhuine! tha thu a' cur oillt orm. Tuille 's a' chòir mu Chrìosd, a dhuine! Is e na h-uile nì dhòmh-sa :—gliocas agus fireantachd, naomhachd agus saorsa. 1 Cor. i. 30. Tuille 's a' chòir mu Chrìosd, e' uime, seinnidh mi a chliù gu bràth."

Air an latha màireach ghairm e ormsa dh' fheòraich an robh iad lionmhor aig an robh beachdan cho suarach mu dhéibhinn a Shlànuighir, agus thuirt mi ris "Gu 'n robh." "Mo thruaighe!" arsa esan, "Gu bheil daoine cho dall. A' gabhail orra féin a bhi glic, rinneadh amadain diubh. Cha-n ioghnadh ged nach 'eil iad sona."

Tha so a' feuchainn duinn an tobair uaignich as an robh a shonas a' sruthadh. Thug Dia dha sòlas daingean agus deadh dhòchas tre ghràs, agus dh' imich e air a shlighe a' deanamh gàirdeachais. Cha b' urrainn e ach a bhi sona : agus tha mi gu fìor a' creidsinn gu-m biodh Criosdaidhean am bitheantas mòran na 's sona na tha iad nan smuain-

* Sosinianach (*a Socinian*), aon de luchd-leanmhuinn Shosinuis (*Socinus*), muinntir a tha ag àicheadh Diadhachd an t-Slànuighir agus nach 'eil a' creidsinn teagaisg na Trianaid, a' cumail a mach nach 'eil ach aon phearsa 's an Diadhachd.

icheadh iad na bu mhò mu Chrìosd, agus na còraichean a tha aig Chrìosd orra.

Ach ged a bhà e sona, gidheadh cha robh e sàthach. Theagamh gu measar so 'n a bharrail an aghaidh firinn; ach ni mi a mhineachadh. Bha e a' creidsinn gu robh àirde, agus doimhne, agus fad, agus leud, ann an gràdh Chrìosd, air nach d' fhuair e eòlas fathast, ach air an robh e an ro gheall eòlas fhaotainn; uime sin, cosmhuil ri neach a' ruith ann an réis, bha e daonnan a' dian-ruith a chum a chomharaidh air son na duaise. Air an aobhar so bha e anabarrach dicheallach an dleasdanasuibh cràbhach, ge b' e uair a gheibheadh e cothrom. Car ùime bhig anns an t-samhradh, chaidh mi mach do'n dùthaich maille ri mo theaghlach astar naoi mìle, agus chum mi aoradh air feasgar seachduin ann an seòmar. Air aon de na h-àman-naibh sin, direach mu 'n do thòisich an t-aoradh, faicear mo charaid a' tighinn a stigh. Thubhairt mi ris "Tha astar fada an so dhuit ri thighinn, a charaid; tha mi an dòchas gu'n coinnich Dia riut, agus gu-m beannaich e thu." "O a mhaighstir," fhreagair esan, "Choinnich Dia rium air an t-slighe, agus thàinig e maille rium, air chor as gu bheil mi cheana air mo dheadh phàigheadh air son tighinn." Is ann mar so a chaith e a bheatha; ionnus aig an tigh agus uaithe, a stigh, agus ri taobh an rathaid mhòir, gu robh e cosmhuil ri bhi a' mealtainn mothachaidh chunbhalaich air làthaireachd Dhé.

Is minic a smuainich mi an àm a bhi 'beachdachadh air iompachadh iongantach an duine so, gu robh ann-san air a shamhlachadh a mach cainnt a' bhàird.

"Fasaidh leomhainn 's béistean allaidh,

Mar na h-uain gun chron, gun dolaidh."

Iadsan nach robh eòlach air gus o cheann beagan bhliadhnachan, is deacair dhoibh a thuigsinn ciod a' gabhè dhuine a bha ann an uair a thuirt e gu feargach rium-sa, "Am faca tu Dia riabh?" ach daoine neo-dhiadhaidh d'

am b' aithne e 'n a staid neo-iompaichte, ghabh iad iongantach anabarrach ris an atharrachadh a thàinig air. Fòghnaidh aon saimpleir dhuinn. Chaidh duin' uasal àraidh à Ruisia, a thuineachadh do Shasunn, agus phill e dhachaidh air samhradh éigin a dh' fhaicinn a sheann chàirden. Bha an long anns an do sheòl e air a riaghladh le Caiptein a bhiodh ag ùrnuigh, agus a bha a' cumail aoraidh Dhé gach latha ann an seòmar na luinge. Cha b' urrainn an taisdealach uasal gun a bhi làthair aig àm na h-ùrnuigh, ged nach robh e ro dhéigheil oirre; gu dearbh is minic a bha i na h-aobhar connsachaidh, anns am feuchadh an duine uasal ri diadhaidheachd a' chaitpein a thionndadh gu neo-bhrìgh, le gàire-fanoid. Fa dheireadh, chrìochnaich an taisdeal, (an cuan-thurus) agus chaidh an duin' uasal ann am Bata-toite gu ruig baile *St. Petersburg*.

B' àbhaist do Mhr. B—— roimh so a bhi 'tàillearachd dhà, agus thaghail e aige, agus labhair e mu na fasanaibh, agus mhionnaich e, &c. &c.

Uair-éigin de 'n t-saoghal b'e so dìreach a' cheart ni a thaitneadh ri mo charaid, ach a nise chaill e a thlachd d'a leithid sin de chòmhradh. Cha'n e mhàin gu robh e neo-thaitneach, ach mar an ceudna bha e oilbheumach dha. Dh'fhoillsicheadh gràs slàinteil Dhé dha, a' teagasg dha mi-dhiadhachd agus ana-mianna saoghalta àicheadh, agus a bheatha a chaitheadh gu stuama, gu cothromach, agus gu diadhaidh anns an t-saoghal, ag dh'innis e so gu saor do'n duin' uasal, agus thairg e caibideal a leughadh dhà, ni nach b' urrainn e a dhiùltadh. An sin thairg e ùrnuigh a dheanamh maille ris, ni nach b' urrainn e a dhiùltadh. Lion an sealladh so e le h-iongantach. Cha b' urrainn da gàireachdainn a nis. Dhrùigheadh air cho mòr as gu-n de rannsaich e airson a' chaitpein, agus gu'n d' aithris e dha an gnothach uile, ag ràdh, “Nise tha fios agam gu bheil cinntealas ann an diadhaidheachd. Mu 'n faca mi an Tàillear Ruisianach, bha mi am barail gu robh sibh agus

luchd-cràbhaidh ann 'n 'ur cealgairibh uile gu léir; ach cha-n urradh mi bhi 's a' bharail sin na 's mò. Is fheudar dhuit dol maille rium agus an duine fhaicinn." Dh' aontaich an caiptein ri so, agus an déigh sin dh'innis e dhomh-sa an sòlas mòr a dh' fhairich e ann an comunn an t-seann duine mhaith sin. O ciod an tròcair a tha ann, a bhi comasach air a leithid de fhianuis dhìleas a thogail air son Dhé! Ciod an tròcair a bhi comasach air a leithid a dh' fhianuis a shuidheachadh ann an uchd duine neo-iompaichte! Ciod am mìneachadh a tha 'n so air an earrainn sin,—“Gu ma h-ann mar sin a dhealraicheas 'ur solus am fianuis dhaoine chum gu faic iad bhur deadh oibre, agus gu-n toir iad gloir do bhur n-Athair a ta air neamh!” Matt. v. 16.

Mar a bha e a' cinntinn eòlach air a' Bhiobull, threòraicheadh e a stigh do shaoghal ùr. Chaill e a thlachd de “shòlasaibh a' pheacaidh,” ach rinn na nithean a fhuair e mach anns a' Bhiobull a lionadh gu minic le àrd-aoibhneas. 'S e mo bharail nach 'eil aig muinntir a tha eòlach air na scriobtuiribh o'n leanabaidheachd, breithneachadh sam bith, air an t-sòlas, air an ioghnadh, agus air an iongantas a bhriseas a stigh air inntinn duine a chluinneas air son na ceud uair' ré a bheatha eachdraidh dhrùighteach ar Tighearna, agus ar Slànuigheir. B'e so cor mo charaid. Bha e air a bhreith a rìs an uair a bha e aosmhar, agus maille r'a nuadh bhreith, thòisich e air a' Bhiobull a leughadh; agus thaghail e gu minic ormsa a dh' aithris domh nan taisbeanan glòrmhor a fhuair e; agus an déigh an aithris, dh' fhoighnicheadh e dhiomsa le simplidheachd leinibh bhig, “An cuala tu riabh ni air bith cho taitneach roimhe?” An seann duine gaolach! Bha e uile ùr dhàsan, agus shaoil leis gu-m b'éigin da uile bhi ùr dhòmhsa mar an ceudna! Ach mo thruaighe! an coimeas ris-san bha mise cho cleachdta ris na nithibh so, 's gu robh mo chion-mothachaidh gu minic a' toirt orm crioth-

nachadh. Oeh nach sona a bhitheamaid nam b' urrainn duinn ùraireachd nan ceud fhaireachdainnean drùighteach a ghleidheadh 'n ar n-inntinnibh !

Ach cha b' e am Biobull a mhàin an leabhar as an robh e a' foghlum. Bha e 'n a sheillean spioradail. Thionail e mil o na h-uile plùran. Faic saimpleir dhe sin o na leanas. 'N uair a bha mi aig àm àraidh a' searmonachadh do mhuintir òg, mhol mi dhoibh iad a thasgadh suas 'n an cuimhne an laoidh cheurach sin a tha 'tòiseachadh leis na briathraibh so.

“ Cha-n fhaigheadh cogais chiontach sith,
 Cha nighteadh chaoidh a sal
 Le fuil nan ainmhidh 'dh' iobradh suas
 Air altairibh o shean.
 Ach thionndaidh Criosd an t-Uan o neamh
 Air falbh gach uile chiont' ;
 Tha 'iobairt-san na 's airde glòir,
 Tha luach na 's mo 'n a fhuil.”

Ghabh an seann duine sanas o so, agus dh' ionnsuich e an laoidh ; an sin thàinig e far an robh mi, ag ràdh, “ dh' ionnsaich mi an laoidh.” “ Ciod an laoidh ? ” “ C 'uime, tha an laoidh a mhol thu do'n mhuintir òig ionnsachadh ; agus smuainich mi, ma tha i maith air an son-san, gu-m feum i bhi maith air mo shonsa mar an ceudna. An abair mi i ? ” “ Dean, ma 's e do thoil e.” Mar sin thòisich e, agus chaidh e air adhart gu misneachail leis a' cheud agus leis an dara rann, ach ann an aithris na treas roinn, thàinig reachd 'n a ghuth, agus ann an aithris na ceathramh oinn,—

“ N uair sheallas mi gu tric air ais
 Air eallach throm gach ciont',
 A ghiulaineadh leat air a' chrann
 Mo chionta chi mi 'n sin.”

Bhrùchd a dheoir a mach, agus cha b' urrainn e dol air adhart na b' fhaide. Bha so dhòmhsa 'n a shealladh tìomachail agus drùighteach : a cheann liath, a ghuth critheanach,

a shùil dhall, a thuil dheur, agus 'eud naomh,—bha iad so uile cuideachd,—a' deanamh an t-seallaidh so 'n a shealladh cho taitneach 's air an robh mi fianuiseach riamh. Bu mhiann leam a nis gu'm faiceadh mo leughadair e air a chleachdadh ann an obair bheannaichte bhi sgaoileadh mu'n cuairt firinn Dhé. Theirear gu tric gu bheil seirc a' tois-eachadh aig an tigh, ach cha-n 'eil i a' stad an sin. B'e so cor Mhr. B——. B'e a cheud chùram na h-uile dicheali a dheanamh a chum a ghairm agus a thaghadh a dheanamh cinnteach. A ris thàinig cùram a theaghlaich : an sin thàinig cùram a' choimhthionail, agus an sin thàinig cùram na h-uile duine air am b' urrainn e ruigheachd. A chum gu-n ruigeadh e air an t-seòrsa mu dheireadh, chleachd se e féin glé mhòr ann an sgapadh leabhraichean beaga agus cuibhriannan de'n Bhiobull, agus bha e ro shèolta gu ràidean a dhealbh air son an sgaoileadh mu'n cuairt.

Air làithibh àraidh is gnàth leis an luchd-cèirde ann am baile mòr an Impire coinneachadh ann an Talla-nan-Comunn,* a chum gu-n cuireadh gach luchd cèirde air leth air adhart gnothaichean an Comuinn eadar-dhealaichte féin. Bu làithean fogharaidh iad so do'n t-seann duine mhaith. Là no dhà roimh choinneachadh nan Comunn, thigeadh e do m' ionnsuidh-sa ag ràdh, “Tha mi ag iarraidh beagan de leabhraibh ann an caochladh chànaicnean. Tha latha mòr a' dol a bhi againn an diugh ann an Talla-nan-Comunn (*Guildhall*) agus is miann leam deadh-fheum a dheanamh de'n chothrom. Thoir dhomh uibhir 's a's urrainn thu de leabhraibh air son *Impireil*,” (mu thuaiream Ginidh.) An sin an uair a bhiodh an gnothach thairis, thigeadh e do m' ionnsuidh a thoirt domh sgéil : “Obair uamhasach

* Talla-nan-Comunn, *Guildhall*, Talla no aite far an abhaist do chomunnaibh an luchd-cèirde eadar-dhealaichte, mar tha saoir, clachairean agus taillearan, &c., coinneachadh ann an aon chuid-eachd mhoir, a chur an comhairle ri cheile cia mar a chuireas iad rian air an gnothuichibh.

an dé, a mhaighstir, aig Tall-nan-Comunn.” “Ciod a bha ann?” “Ghabh cuid de mhuintir na leabhranan agus reub iad ’n am bloighdibh iad, ’g an saltairt f’an cosaibh fa chomhair mo shùl. Ghabh cuid eile na leabhranan agus thilg iad ann am aodunn iad, ag ràdh, ‘ciod an gnothuch a tha agad-sa ri mo chreidimh-sa?’ Rinn cuid eile an tilgeil anns an teine: ach cha-n ’eil mi air mo dhi-mhisneachadh, a mhaighstir. Feuchaidh mi ris a ris aig an ath choinneimh, cha toir mi thairis am feasd. Och cha tabhair! cha-n ’eil a h-aon diubh a bha ’n a pheacach co mòr rium féin. Agus ma b’ urrainn do’n Tighearna Iosa Criosd e féin ioraslachadh gu greim adheanamh air mo leithid-sa de sheann cheannairceach, agus mo chridhe atharrachadh, am bheil thu am barail gu-n caill mi mo mhisneach? cha chaill. Ni mi obair airson Chrìosd gu latha mo bhàis!”

Nach robh so Abstolach? Bha fios aige gu’n robh an tròcair ceudna a chaidh bhuileachadh airsan leòr fhogha-inteach a thaiseachadh nan cridheachan ’bu chruaidhe, agus a ghlanadh nan cridheachan ’bu truailidhe; air an aobhar sin cha do chaill e riabh a mhisneach. Gun amharus rinneadh e gu buileach ’n a fhear-cuideachaidh air son Comuinn nan Leabhranan (*Tract Society*), agus air son Comuinn a’ Bhiobuill (*Bible Society*).

Bha a chaoimhneas do m’thaobhsa mòr agus cunbhalach. Bhuilich e orm gu bunailteach gach bliadhna còta ùr mar ghean-maith, agus ’n uair a thug e dhomh an còta deireannach, labhair e na briathran comharraichte so; “So dhuit, a mhaighstir, gabh so mar chomharradh air mo ghràdh; agus cuimhnich gu bheil e ’n a Bhuaidh-shuaicheantas (*trophy*) air gràs Dé cho mòr ris na h-iodholaibh a chaidh a chur dhachaidh á eilean *Tahiti*.”*

O ciod an t-aoibhneas a bhios air na h-iompachanaibh Tahiteach a’ coinneachadh ris an t-seann tàillear Ruisianach

* *Tahiti*, no, *Otaheite*, aon de eileanaibh a’ Chuain Dheas a chaidh icmpachadh leis an t-soisgeul o iodhol-acradh.

so an làthair Rìgh-chathrach Dhé! ciod an t-àrd-shòlas a bhios orra le chéile a' seinn na co-sheirm so, "Is airidh an t-Uan a chaidh a mharbhadh air cumhachd agus saobhreas agus gliocas, agus neart, agus uram, agus glòir agus moladh, fhaotainn. Oir shaor e sinne do Dhia le 'fhuil féin, as gach tréibh, agus teanga, agus sluagh, agus cinneach!" Taisbean v. 9, 12.

Nach iomadh leasan a ghabhadh fòghlum o eachdraidh ghoirid an t-seann duine mhaith so!

I. Tha aobhar misnich an so dhoibhsan a tha ag oidhirp-
rachadh air seann pheacaich a thredrachadh gu aithreachas. Peacach iompachadh o sheacharan a shlighe, agus mar so anam a theàrnadh o'n bhàs, agus folach a chur air mòran pheacanna, is obair mhòr sin, ach tha iomadh deacaireachd fhuathasach anns an rathad. Am faod an t-Etiopach a chraicionn a mhùthadh? An urrainn iadsan a tha cleachdta ri olc maith a dheanamh? Am bheil e comasach beusan thrì fichead bliathna atharrachadh gu h-iomlan, agus an seann duine a dheanamh 'n a chreutair nuadh? Och ciod an obair a tha'n so! Cò a ta foghainteach air son nan nithe so? Ris gach neach a chi na duilgheadasan so theirinn, "Glac misneach." Faic am peacach aosda so, agus imich air d' adhart ann ad oidhirpibh, gun a bhi idir fo amharus. Cha-n urrainn thu tachairt air aon duine na 's neo-chosmhuile ri fàs 'n a Chrìosdaidh firinneach agus dùrachdach na bha esan aon uair. Smuainich air cruadhas agus doille a chridhe 'n uair a thubhairt e riumsa, "Am faca tu Dia riabh?" agus an sin amhaire air a' teagasg a luchd-oibre, a' cathachadh ris an t-Sosinianach (*Socinian*) agus a' feuchainn ri ceudan iompachadh mar chòmhlath: agus an sin abair, 'am bheil ni sam bith tuille's cruaidh air an Tighearna?' Och cha-n 'eil! Air an aobhar sin, iarr a mach a' mhuinntir is ro mhiosa ann ad choimhearsnachd, agus stiùir iad a dh' ionnsuidh Uain Dé, a tha 'toirt air falbh peacaidh an t-saoghail. Cuimhnich gur ann a

réir mar a's miosa a tha neach sam bith a's mò a tha dh' fheum aige air do chòmhnadh-sa : agus mar a's faide air aghaidh ann an aois am peacach, gur ann a's mò a tha dh' fheum aige air còmhnadh grad, gun dàil. Nam faiceadh tu duine a' dol fodha ann an amhainn, thuigeadh tu, nam bu mhìann leat còmhnadh a dheanamh ris, gu-m b'éigin duit a dheanamh gu luath, no gu-m biodh e tuille 's anmoch. Is ann dìreach mar sin a tha cor pheacach aosmhor. Mur tèarnar a nis iad cha tèarnar a chaoidh iad. Bidh iad gu h-aithghearr as an t-sealladh.

II. Tha an t-atharrachadh sona a thàinig air an t-seann duine so 'n a aobhar misnich do sheann pheacaich eile gus am beannachd ceudna iarraidh.

Tha, mo sheann chàirdean, so 'n a aobhar mòr-mhisnich dhuibhse, chum nach caitheadh sibh bhur beatha na b'fhaide mar a rinn sibh cheana, ach a nis, aig an aon uair deug, gu-n iarradh sibh trècair. Tha an ceann liath 'n a chrùn glòire, ma gheibhear e ann an slighe na fireantachd : ach nach uamhasach an sealladh peacach le 'cheann liath, miullaichte air son a' bhàis neo-uighimichte air son nèimh' !

B'e so aon uair cor mo sheann charaid ann an Ruisia ; ach thréig e a pheacanna. Dhealaich e ri a chompanachaibh peacach. Thilg se e féin air trècair Chrìosd air son slàinte. Bu taitneach leis dol a thaobh o'n t-saoghal, agus a chridhe a dhòrtadh a mach ann an ùrnuigh an lathair an Tighearna ; air an dòigh so dh'fhàs e féin sona, agus an sin shaothraich e gus na h-uile mu'n cuairt da a dheanamh sona mar an ceudna. Rinn e dearmad air nithibh naomha an uair a bha e òg, ach a nis chuir e roimhe obair a dheanamh air son Dhé an uair a dh' fhas e aosmhor. Bha fios aige nach robh aige ach ùine ghèarr gu obair a dheanamh, agus rinn e mar a b' fhèarr a b' urrainn da, agus dh' oibrich e mòran ann am beagan ùine. Cha robh ni sam bith cosmhuil ri 'atharrachadh o 'rùn. 'N uair a choinnich-eadh e ri dorradasaibh's ann a dheanadh iad a bhrosnachadh

gu bhì na bu ghnìomhaiche. “Cha-n ’eil mi air mo dhi-misneachadh,” theireadh e, “cha toir mi thairis a chaoidh. Cha tabhair! Ni mi obair air son Chrìosd gu latha mo bhàis.” Agus nach bu chòir d’a eiseimpleir-san thusa mhisneachadh gu dol agus deanamh mar an ceudna? Ma rinn Dia tròcair airsan, nach deanadh e tròcair ortsa nan iarradh tu air sin? Ma rinn Dia esan sona, nach deanadh e sona thusa mar an ceudna, nan deanadh tu ùrnuigh ris? Ma rinn Dia esan feumail, nach deanadh e feumail thusa cuideachd, nan iarradh tu sin air, agus nan gnàthaicheadh tu na meadhonan a shònraich Dia air son maith a dhèanamh? Gun teagamh dheanadh e sin, O! uime sin cuir a’ chùis an dara taobh. ’N uair a tha Iosa ’g ad ghairm, freagair thusa. Nuair a tha Iosa ’g ad chuireadh, ruith thusa d’a ionnsuidh. ’N uair a tha Iosa a’ tairgseadh maitheanas saor, sìn thusa a mach do làmh gus a ghabhail, agus air dhuit fhaotainn, an sin seinn gu h-àrd, ‘O Thighearna, molaidh mi thu; ged a bha fearg ort rium, gidheadh a nis tha do chorraich air a tionndadh air fàlbh, agus tha thu a’ toirt comhfhurtachd dhomh. Feuch, is e Dia mo Shlàinte, cha bhì eagal orm.

III. Tha ceann-aobhair gasda an so air son beachd-smuaineachaidh do luchd-cèirde òga chràbhach.

Air maduinn àraidh, an uair a choinnich mi e, thubhairt e rium, “Tha iomaguin mhòr orm mu dhéibhinn anaman mo chuid ghillean, innis dhomh ciod is urrainn mi dheanamh air son an anaman.” Smuainichibh air so. Och, ciod an t-atharrachadh a thigeadh air Breatunn gu luath, nam biodh na h-uile fear-cèirde diadhaidh innte a’ faireachdainn mar a bha an duine so! Ciod gus an do threòraich ’iomaguin e? Innsidh mo leabhran sin duibh. Agus is gann a chunnaic mi duine riamh aig an robh “faireachdainnean dùrachdach,” nach d’ thàinig nithe maithe gu crìch.

Tha Mata Mac Eanraic * ag ràdh gu-n “Toir faireachd-

* Matthew Henry.

sinnean drùighteach a mach briathran dian," agus chi sinn gu bheil so fìor o chleachdadh an t-seann duine mhaith so. Agus ma rinn esan 'n a shean aois uibhir a dhealbh, agus a thoirt gu crìch, cia mòr a's mò na sin a dh'fhaodas sibhse a dheanamh, a tha an tràsa ann am maduinn no meadhon-latha bhur beatha? Feuchaibh ris; seadh, feuchaibh ris; agus "ge b'e ni a gheibh do lamh ri dheanamh, dean e le d' uile neart," a' gabhail eisempleir o rùn an t-seann duine, "Ni mi obair air son Chrìosd gu latha mo bhàis."



LONDON: THE RELIGIOUS TRACT SOCIETY,
56 PATERNOSTER ROW, 65 ST. PAUL'S CHURCHYARD, 164 PICCADILLY.

MANCHESTER: CORPORATION STREET. BRIGHTON: WESTERN ROAD.

[Price 5s. per 100.]

